



## Tiotal: Beatha chothromach agus cho-ionann do bhalaich agus nigheanan

### Pàirt 3: Tar-ghnèitheachd

ìre: DÀRNA

#### Ceanglan CfE

Eòlasan agus Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil raon farsaing ann de sheòrsaichean càirdeis is dàimh. HWB 2-44a</p> <p>Tha fios agam gum faod càirdeasan agus dàimhean làidir slàinte agus sunnd dhaoine eile a thoirt air adhart. HWB 2-44b</p> <p>Tha fios agam gu bheil gach seòrsa de dhroch-dhìol ceàrr, agus tha mi a' toirt air adhart sgilean airson mi fhìn a chumail sàbhailte agus cuideachadh fhaighinn ma dh'fheumas mi. HWB 2-49a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean càirdeis is dàimh.</li><li>Ag aithneachadh nan sgilean a tha a dhìth airson atharrachadh ann an dàimhean a làimhseachadh, mar eisimpleir, fulangas, co-fhaireachdainn, dilseachd, coibhneas, seasmhachd, co-earbsa agus spèis.</li><li>Ag aithneachadh rudan deimhinneach mun ìomhaigh-bodhaig agus an coltas.</li><li>Ag aithneachadh droch-dhìol agus burraidheachd, mar eisimpleir air-loidhne, aghaidh ri aghaidh agus fios air far an tèid iad airson cuideachadh.</li><li>A' sealltainn tuigse air iomadachd ann am feisealachd agus dearbh-aithne gnè.</li></ul>

Chì sinn cuideachd gu bheil na h-Eòlasan agus na Builean gu h-ìosal freagarrach dhan obair seo; tha iad a' suidhe ann an raon Sunnd Inntinneil, Faireachail, Sòisealta agus Corporra an taobh a-staigh de Slàinte is Sunnd. Bhon a tha iad fo dhleastanas nan uile chan eil Slatan-tomhais co-cheangailte riutha.

- Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 2-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 2-10a

#### Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann mun deidhinn fhèin, na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu bhun-bheachd iomadachd.
- Gum meòraich clann air gnàth-ìomhaighean agus na thathar an dùil ris bho dhaoine air sgàth gnè.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn nach bu chòir coltas, giùlan no iarrtasan a bhith air am bacadh le gnàth-ìomhaigh, gnè no beachdan air na bu chòir do bhalaich agus nigheanan a dhèanamh.
- 'S urrainn dhomh eisimpleirean de ghnàth-ìomhaighean ainmeachadh agus an deasbad.
- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoine eile

- Tha mi a' tuigsinn agus a' gabhail ri iomadachd am measg mo cho-aoisean.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint

## Obair

'S e leasan goirid a tha seo a nì soilleir do chlann na thathar a' ciallachadh le tar-ghnèitheadh no transgender.

Tha an obair seo a' cumail air adhart le prìomh theachdaireachd a tha a' ruith tro RSHP, a' brosnachadh chloinne gus a bhith mar a thogras iad fhèin mar nighean no balach, saor bho ghnàth-ìomhaighean agus bho na thathar a' sùileachadh bho neach a rèir gnè. Chan eil an seo ach aon leasan, sa chlas no san t-suidheachadh agaibhse bidh feum air dealas nas fharsainge do cho-ionnannachd, bidh an obair seo agus na rinn iad thuige seo feumail airson a' chlann a tharraing a-steach dhan obair seo.

'S dòcha gu bheil pàiste agaibh sa chlas nach eil, aig an aois òg aig a bheil iad, ag iarraidh a bhith aithnichte mar bhalach no mar nighean. 'S dòcha gu bheil pàiste san t-suidheachadh agaibh nach eil a' faireachdainn gu bheil a' ghnè eòlach agus a' ghnè bhith-eòlach aca co-ionann – 's dòcha gu bheil pàrant/neach-cùraim a' phàiste air innse dhuibh mun dysphoria gnè aca. Anns na suidheachaidhean sin tha e mar dhleastanas fhathast dèanamh cinnteach gu bheil àrainn-ionnsachaidh shàbhailte agus fhallain ann dhan phàiste sin, a' toirt spèis dha na miannan acasan, aig am pàrantan/luchd-cùraim a thaobh atharrachaidhean sam bith a dh'iarras iad a thaobh rudan mar an ainm, aodach no riochdairean a tha iad airson a chleachdad. Ann an suidheachaidhean mar seo dh'fhaite gum bi am pàiste a' fulang burraidheachd stèidhichte air claoen-bhreith agus ged a bhios na stuthan seo a' brosnachadh coibhneas, co-fhaireachdann agus còraichean, cha bhi sna leasanach ach pàirt de na bhios sibh a' dèanamh gus àite sàbhailte agus in-ghabhalach a chruthachadh do gach pàiste.

1. Cuir an cuimhne na cloinne gu bheil an clas/buidheann ag ionnsachadh mu bhith nad bhalach no nad nighean, cothromach dhan h-uile neach, agus gum faod iad a bhith mar a thogras iad fhèin mar bhalach no mar nighean. Mìnich an uair sin gu bheil cuid de dhaoine a' fàs suas a' faireachdainn nach eil an gnè a bh' aca gam breith a' dol a rèir mar a tha iad a' faireachdainn. Faighnich dhan chloinn an cuala iad am facial tar-ghnèitheadh no *transgender*. Seall am facial air slaighd, agus mìnich an teirm dhaibh le bhith a' bhruidhinn air a' chuspair. Thèid thairis air gus dèanamh cinnteach gu bheil tuigse aca. (NOTA Tha na h-ìomhaighean de dh'inhich a tha ag aithneachadh mar thar-ghnèitheadh. Tha an suaicheantas a' riochdachadh na coimhearsnachd thar-ghnèitheadh, 'S dòcha gun seall thu seo agus na samhlaidhean airson fireann is boireann cuideachd mar mhìneachadh?)

Ma tha neach gan aithneachadh fhèin mar **tar-ghnèitheadh no transgender** (uaireannan cleachdaidh daoine **trans**) tha iad a' faireachdainn nach eil an gnè-breith aca a' dol a rèir mar a tha iad a' faireachdainn annta fhèin.

Mar sin tha **boireannach tar-ghnèitheadh** beò mar bhoireannach an-diugh, ach rugadh i mar bhalach. Tha fireannach tar-ghnèitheadh beò mar fhireannach an-diugh ach rugadh e mar nighean.

2. Faighnich dhan chloinn a bheil cuimhne aca air ionnsachadh mu na faclan claoen-bhreith, leth-bhreith agus gnèitheadhas – a bheil cuimhn' aca dè tha iad a' ciallachadh? Thoir a-steach an teirm **gràin tar-ghnèitheadh no transphobia**. Tha seo a' ciallachadh nuair a tha neach air a ghoirteachadh no air a chuir sìos air sgàth gu bheil iad tar-ghnèitheadh.

'S e seòrsa de chlaon-bhreith no de leth-bhreith a th' ann an **Gnèitheachas no Transphobia**. Tha seo a' ciallachadh nuair a tha neach air a ghoirteachadh no air a chur sìos air sgàth gu bheil iad tar-ghnèitheach.

### 3. Prìomh phuingean:

- Mìnich gu bheil e doirbh do dhaoine tar-ghnèitheach nuair a tha daoine eile suarach riutha no mì-mhodhail riutha.
- Cuimhnich cuideachd gu bheil gach neach againn sònraichte agus fa leth gar breith. Seo a tha gar fàgail air fad cho intinneach.

### Tha goireasan eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Gnàth-ìomhaighean agus Co-ionannachd
- Cothromachd

### Stuthan eile

Tha an t-seirbheis NHS Sandyford stèidhichte ann an Sandyford ann an NHS Greater Glasgow and Clyde a' toirt taic agus fiosrachadh. 'S dòcha gum bi an ceangal seo feumail do phàrantan:

<https://www.sandyford.org/parents-sandyford/secondary/gender-identity/>

'S dòcha gum biodh ùidh aig pàrantan/luchd-cùraim a' tha a' cumail conaltradh ri tisearan/luchd-foghlaim mu phàiste a tha a' cur an cèill iarrtas a bhith air an aithneachadh mar tar-ghnèitheach. Chaidh a dhèanamh le màthair pàiste tar-ghnèitheach, agus tha e ag innse mu na thachair dhaibhsan:

<http://www.howtobeagirlpodcast.com/videos>

### Notaichean Tidseir

